

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## **Pàdraig Friseal (4)**

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,326. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,022 corresponds to Litir 1,326. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learnghaelic.scot/litir](http://www.learnghaelic.scot/litir). Ruairidh can be contacted at [fios@learnghaelic.scot](mailto:fios@learnghaelic.scot).*

Tha mi a' dol a chur crìoch air eachdraidh-beatha Phàdraig Fhriseil, seann Phrìomhaire Sealainn Nuaidh. Ann an naoi ceud deug, ceathrad 's a ceithir (1944), bha e gu math dripeil oir bha an cogadh fhathast a' dol. Bha e aig coinneamhan poiliteagach anns na Stàitean Aonaichte, agus aig coinneamhan de Chaibineat Cogaidh Bhreatainn. Chaidh Saorsa Lunnainn agus Dhùn Èideann a bhuileachadh air, agus fhuair e fhèin agus Seònaid cuireadh a dhol a Lùchairt Bhuckingham.

Chaidh Pàdraig a thadhail air saighdearan à Sealann Nuadh anns an Eadailt. Ghabh e ùidh gu sònraichte ann am bratàilleann nam Maori a dh'fhuiling call mòr aig Monte Cassino. Bha Pàdraig air dearbhadh, na bheatha phoiliteagach, gun robh e taiceil do na Maori mar shluagh.

Fhad 's a bha iad ann am Breatainn, ghabh Pàdraig agus Seònaid cothrom tadhal air an t-seann dachaigh aige. Gu h-iongantach, bha feadhainn à Sealann Nuadh a-nise stèidhichte aig ionad-adhair ann am Manachainn Rois. Tha fhios gun do chòrd an turas ri Pàdraig.

Air ais ann am Wellington, thàinig na ceudan còmhla airson an seasgadamh ceann-bliadhna aig Pàdraig a chomharrachadh. Ghabh e òraid anns an do thog e a ghuth an aghaidh gràin-chinnidh. Mhothaich daoine, ge-tà, nach robh e a' coimhead gu math. **Bha e air a dhol bodachail.**

Gu mì-fhortanach, bha an suidheachadh aig Seònaid na bu mhiosa. Bha tinneas sgamhain oirre agus b' fheudar dhi ùine a chur seachad san ospadal. Bha ùidh aice ann an suidheachadh na cloinne anns an Roinn-Eòrpa a bha gun phàrantan air sàillibh a' chogaidh. A dh'aindeoin 's gun robh gu leòr ann an Sealann Nuadh an aghaidh a leithid, leig Pàdraig long làn cloinne às a' Phòlainn a-steach. Gu ìre, bha sin mar mholadh do a bhean.

Chaochail Seònaid anns an ospadal sa Mhàrt naoi ceud deug, ceathrad 's a còig (1945). 'S e buille chruaidh a bh' ann do Phàdraig. Chaidh e an sàs gu domhainn anns an obair aige mar dhòigh gus dèiligeadh ris a' chall.

Chuir e seachad ùine ann an San Francisco far an robh còmhraidhean ann mu Na Dùthchannan Aonaichte a stèidheachadh. Bha e am measg cruthadairean na buidhne sin. Sheas e an aghaidh bhìoto a bhith aig na dùthchannan cumhachdach air a' Chomhairle Theàrainteachd. Ach chaill e sin.

Bha e ann an Lunnainn, ge-tà, airson a' chiad cho-chruinneachadh de na Dùthchannan Aonaichte. Fhad 's a bha e ann, chaidh duais an *Companion of Honour* a bhuileachadh air leis an Rìgh.

Ann an naoi ceud deug, ceathrad 's a h-ochd (1948), bha e air ais air a' Ghàidhealtachd airson an turais mu dheireadh. Thug e a-steach a' Bhliadhn' Ùr còmhla ri feadhainn eile ann am Baile an Droma.

Air ais ann an Sealann Nuadh, bha cùisean poilitigeach a' dol na aghaidh, agus chaill na Làbaraich anns an taghadh nàiseanta. Thug sin cothrom do Phàdraig barrachd ùine a chur seachad a' frithealadh chuirmean-ciùil, dealbhan-cluiche agus ballet. Ach bha a shlàinte a' sìor dhol am miosad. Chaochail e anns an Dùbhlachd, naoi ceud deug is caogad (1950).

Chan eil e fhèin no Seònaid air an dìochuimhneachadh, ann an Siorrachd Rois no mòran àiteachan eile. Seachdad 's a h-aon bliadhnaichean an dèidh a bhàis, chaidh duais a bhuileachadh air an dithis aca le Ceann-suidhe na Pòlainn airson na rinn iad do chloinn Phòlainneach a bh' ann an èiginn aig àm a' chogaidh.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Seònaid: *Janet*; pòsadh: *marriage*; Baile an Droma: *Hill of Fearn*; Leas-phrìomhaire: *Deputy Prime Minister*; An Èiphit: *Egypt*; Inbhir Pheofharain: *Dingwall*; Baile Dhubhthaich: *Tain*.

**Abairtean na Litreach:** eachdraidh-beatha Phàdraig Fhriseil à Taobh Sear Rois: *the life story of Peter Fraser from Easter Ross*; fear à teaghlach bochd Gàidhealach: *a man from a poor Highland family [his parents spoke Gaelic]*; a dh'èirich gu bhith na phrìomhaire ann an Sealann Nuadh: *who rose to become the prime minister in New Zealand*; fhad 's a bha e fo ghlas: *while he was locked up*; sheas Pàdraig airson a' Phàrtaidh Làbaraich: *Peter stood for the Labour Party*; am ball a b' òige: *the youngest member*; dealaichte bhon chèile aice: *divorced from her husband*; a' feuchainn ri astar a chumail eadar iad fhèin agus am Pàrtaidh Coimiunach: *trying to maintain distance between themselves and the Communist Party*; dreuchd a bha doirbh an toiseach leis gun robh e air a bhith sa phrìosan: *a job that was difficult to begin with because he had been in prison*; bha cùisean rèidh eatarra: *they were on good terms*; chuir na Làbaraich an eaconamaidh air stèidh na bu sheasmhaiche: *the Labour Party put the economy on a more stable footing*; bha cùisean a' dol bhuaithe gu h-eadar-nàiseanta: *matters were getting worse internationally*; armailt nan Co-chòmhragaichean anns an Ear-Mheadhanach: *the Allied forces in the Middle East*; chaidh saorsa ceithir bailtean a bhuileachadh air: *he was granted the freedom of five towns*; b' fheudar dha tilleadh dhachaigh: *he had to return home*; gun robh na mìltean de shaighdearan anns an leth-chruinne mu thuath: *that there were thousands of soldiers in the northern hemisphere*; nuair a bha Iapan a' bagairt air dùthchannan ceann a deas a' Chuain Sèimh: *when Japan was threatening the countries of the Pacific*.

**Puing-chànain na Litreach:** bha a shlàinte a' sìor dhol am miosad: *his health was continually deteriorating*. A' dol am miosad is a really good expression to remember. It is equivalent to a' fàs nas miosa but a bit more idiomatic in this situation. It is the opposite to a' dol am feabhas. Tha e a' sìor dhol am feabhas 'he is getting better by the day'.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Bha e air a dhol bodachail: *he had become like an old man/old before his time*.

*Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA*